

# The Free Presbyterian Magazine

## An Earrann Ghàidhlig

Thug thu bratach dhaibhsan don eagal thu,  
gu bhith air a togail suas air sgàth na firinn Salm 60:4

## GEAMHRADH 2017

### Deireadh Bliadhna Eile

Tha sinn a-nis a' tighinn gu crìch bliadhna eile is tha sinn fhathast air ar caomhnadh air talamh tròcair. 'S iomadh nì a chunnaic sinn sa bhliadhna a chaidh seachad. Ach, ma choimheadeas sinn air ais, chan urrainn dhuinn àireamh a chur air ar peacaidhean – ach, tha an Cruithear eòlach air gach aon dhiubh. 'S e nì a th' ann an sin a tha cho sòlamaichte 's a ghabhas a bhith ann. Nach bu chòir dhuinn a bhith a' ceasnachadh, ma-tà, mu dheidhinn ar staid fa chomhair Dhè is ag iarraidh a bhith rèidh Ris, agus gum faigheamaid grèim air maitheanas airson ar peacaidhean fa leth tre fhuil Chriosd?

Air an làimh eile ge-tà, chan urrainn dhuinn tomhas a chur air a' choibhneas a bhuilich an Tighearna oirrne fad na bliadhna. Chan eil fhios againn dè th' ann am bochdainn a thaobh nithean corporra ge b' e cho uireasbhaidheach 's a tha sinn a rèir nithean spioradail. Ach 's e is gu bheil focal an Tighearna fhathast nar measg-ne an t-aobhar taingeileachd as mothà a th' againn uile. 'S e siud am maitheas a tha os cionn gach maitheas eile.

Chan eil fhios againn dè thachras sa bhliadhna a tha romhainn. 'S iomadh creutair bochd a chaidh a dh'ionnsaigh na sìorraindheachd sna mìosan a chaidh seachad agus chan eil fhios cuin a thig deireadh ar cuairt-ne an seo nas mothà. "Uime sin dèanaibh-se faire, oir chan eil fhios agaibh ciod an uair anns an tig ur Tighearna" (Mat 24:42). Ach

tha fhios cinnteach againn, bho theagast na firinn, gu bheil a h-uile nì fo ùghdarris an Tì as Àirde.

“Nach eil dà ghealbhan air an reic air feòirling: agus cha tuit a h-aon dhiubh air an talamh às eugmhais freasdal ur n-Athar-se. Ach tha eadhon fulteanan ur cinn uile air an àireamh. Air an aobhar sin na biodh eagal oirbh; is fheàrr sibhse na mòran ghealbhan.” (Mat 10:29-31).

Tha an teagast seo làn misneach is comhfhurtachd do shluagh Dhè. 'S e is gum faigheamaid gràs a chum a bhith a' feitheamh ris an Tighearna na fhreasdal is na rùn sna mìosan a tha ri teachd. 'S cinnteach gun d' fhuair Iàacob an dearbh ghràs sin nuair a thuirt e aig deireadh a shaoghal, “Rid shlàinte dh'fheith mise, O Thighearna” (Gen 49:18).

Aon nì eile a bu chòir ar misneachadh, agus 's e sin gu bheil sinn anis nas fhaisge air bliadhnaichean dùsgaidh is amannan fionnarach na bha sinn riamh ro-làimh. Chan eil fhios againn co-dhiù chì sinn iad gus nach fhaic, ach thig iad gu cinnteach oir tha Esan fior a thug an gealladh don Eaglais. 'S gun tigeadh iad Na àm fhèin!

### **A' Choinneamh-Cheist ann an Gearrloch**

*Sa bhliadhna 1936 agus air a tharraing on FPM.*

**A. MacCoinnich, Inbhir Àsdail.** Tha iad a' cur an dòchas anns an Tighearna. Cò dh'ionnsaigh thèid sinn ach dod ionnsaigh fhèin? Agadsa tha slàinte agus beatha. [Labhair am fear seo ron dà fhear mu dheireadh a bha san earrainn mu dheireadh].

**D Friseal, Gearrloch.** Bidh e nas furasta do shluagh Dhè dòchas a bhith aca dhan taobh fhèin an tràth a bhios iad am measg an t-saoghal, na nuair a bhios iad am measg sluagh Dhè. Chuala mi mu thè a bha a' falbh a dh'ionnsaigh an fhogharaidh agus chronaich i aon a bha còmhla rithe. Thuirt an tè a bha còmhla rithe, “A bheil thusa nas fheàrr

na sinne?" Thuirt ise: "Nuaир a tha mi am measg sluagh Dhè, tha mi gam fhaotainn fhèin mar phloc, ach nuair a tha mi nur measg-se, tha mi a' faotainn gu bheil nì agam nach eil agaibhse". Iarraidh iad iad fhèin a dhol à fianais agus biodh Crìosd mòr nan sealladh.

**Tòmas MacLeòid, Gearrloch.** "An t-iomlan dhiubh chaidh air an ais". Sgrios iad iad fhèin. Tha feadhainn a' gearan cho dìochuimhneach 's a tha iad, ach an tràth a thàinig an Spiorad Naomh, thòisich iad air a bhith a' caoidh airson am peacadhean. Fhuair iad focal a bhios mar bharrant-dòchais dhaibh.

**M MacIllFhinnein, Gearrloch.** Tha creideamh air a thoirt dhaibh, chan ann airson nì annta fhèin...oir, tha iad a' stampadh a h-uile nì fon casan.

**Chò-dhùin an t-Urramach Peutan.** Chuala sinn mòran mar-tha air na dòighean anns an robh na fulangasan seo a' tighinn air daoinibh. Tha iad a leithid a ghnè gur a th' ann a-mhàin aig a' mhuinntir seo a tha iad, 's e sin iadsan a tha a' creidsinn. Chuala sinn cuid ag ràdh gun robh iad a' fulang airson nan truaighean a bh' annta fhèin, agus bhon t-saoghal, 's bho luchd-aideachaidh.

Leugh sinn ann an searmoin Mhaighstir MhicPhàrlain, nuair a bhiodh daoine ag imeachd suas sràid ann am baile, gum b' iad an fheadhainn a bha a' dol an aon rathad ris fhèin a bu mhotha a chumadh air ais e, na iadsan a bha a' dol na aghaidh. A thaobh a bhith a' fulang airson an amaideachd fhèin, bha an t-Urramach Niall Camshron nach maireann a' labhairt air turas a bha e ann an Ratharsair. B' e seo a' cheist, agus dh'innis e dhomh gun tuirt Alasdair MacAsgaill nach maireann: "Tha cuid a' smuaineachadh gum b' ann a' fulang airson Chriosd a bha iad, an tràth a bha iad a' fulang airson am peacadhean fhèin".

Cha bhuin na fulangasan seo ach do mhuinntir àraidh. Mura biodh creideamh, cha bhiodh na fulangasan seo aca – tha iad ag èirigh bhon

dealachadh nàdarra a th' aca bhon t-saoghal. Tha an saoghal a' nochdadadh nàimhdeas. Chan e a-mhàin na Pàpanaich bhon a bheil geur-leanmhainn a' tighinn, ach faodaidh daoine a bhith a' fulang nan teaghlaichean fhèin.

Tha an fhèoil a-staigh a' miannachadh an aghaidh an Spioraid ann an sluagh Dhè. Iadsan a tha a' tighinn an luib a' chreideimh, tha iad mar na fianaisean anns an aonamh-caibideil-deug ann an leabhar nan Eabhruidheach: na fulangasan agus na deuchainnean aca a' dearbhadh a' chreideimh aca. Mura biodh creideamh ann, lùbadh an duine. Tha eagal air an fheòil ro fhulangasan. Tha seo mar bheinn mhòr an-diugh ro ghillean òga agus nigheanan òga. "Nan gabhadh iad ri Crìosd" their iad, "dh'fheumadh iad a choinneachadh ri deuchainnean a dh'fhanaidean". Do bhrìgh gum faod an saoghal a bhith a' fanaid orra, chan eil sùil aca gun lean iad Crìosd air dòigh sam bith.

Tha nithean a bhuineas do dhiadhachd na nàire dhaibh, agus tha eagal orra gum faigheadh iad oilbheum ann an Crìosd. Tha beatha na diadhachd cruaidh leotha, ach tha Crìosd a' toirt gràis do na h-uile a mheasas e na shòlas a bhith a' fulang an àite a bhith na dhoilgheas. 'S e seo nì a bhuineadh do bheatha na diadhachd: bhiodh "ar n-àmhghar aotrom, nach eil ach rè sealain, ag obrachadh dhuinne trom-chudthrom glòire a tha nas ro-anabarraiche agus sìor-mhaireannach". (2 Cor 4:17). Gum biodh Dia a' beannachadh dhuinn na chuala sinn agus gar cur gu fein-rannsachadh.

### Glòir Chrann-Ceusaidh Chrìosd

*Leis an Urr Iain MacLabhrainn (1693-1754)*

*Ach nar leigeadh Dia gun dèanainn-sa uaill ach ann an crann-ceusaidh ar Tighearna Iosa Crìosd, tre a bheil an saoghal air a cheusadh dhòmhsha, agus mise don t-saoghal" (Galatianaich 6:14).*

Gnùis Chrìosd! Anns nach lèir don inntinn fheòlmhoir nì sam bith ach cràdh agus masladh; an aghaidh bhrùite, reubta ud, dearg le fuil,

còmhdaichte le tarcais, air a bòcadh le buillean agus aogneulach le bàs; b' e siud an cuspair mu dheireadh anns an iarradh an inntinn fheòlmhor sealladh fhaotainn air glòir Dhè na beatha – aghaidh air a còmhdach le uabhas a' bhàis! Is e a b' annsa leis an inntinn fheòlmhoir sealltainn air an aghaidh ud nuair a bha i air a cruth-atharrachadh agus a' deàlradh mar a' ghrian na làn neart. Dheàlraich glòir na Diadhachd air mhodh ro-shoilleir ann an gnùis Chrìosd air beinn a' chruth-atharrachaidh, ach gu ro-mhòr na bu dealraiche air beinn Chalbhari. Bha an cruth-atharrachadh seo na bu ghlòrmhoire gu mòr na an cruth-atharrachadh ud eile. Ged bhiodh gach solas a th' anns an t-saoghal, anns a' ghrèin agus anns na reultan air an tional còmhla nan aon mheall-solais, cha bhiodh annta ach dorchadas an coimeas ri glòir a' chuspair seo a bha, a rèir coslais on leth a-muigh, cho cianail agus cho dorcha. Oir is e tha an seo, mar a deir an t-Abstol, "Air dhuinn uile ag amharc mar le aghaidh gun fholach air glòir an Tighearna" (2 Cor. 3:18).

An seo tha ceartas gun smal, gliocas do-thuigsinn agus gràdh neo-chriochnach a' deàlradh uile mar chòmhla. Chan eil aon dhiubh fa leth ag ais-thilgeadh deàlradh soillseach air càch. Tha iad a' measgachadh an gathan-solais le chèile, agus a' deàlradh le boillsgeadh aonaichte siorraidh: am Breitheamh cothromach, an t-Athair tràcaireach agus an Riaghlaир uile-ghlic. Chan eil cuspair eile a' toirt a leithid de thaisbeanadh air na buadhan ud uile; chan eil eadhon cuspair eile as aithne dhuinn a tha a' toirt a leithid de thaisbeanadh air aon de na buadhan ud. Chan fhacas ceartas riamh ann an cruth cho eagalach, tràcair cho ionghràdhach, gliocas cho domhainn, no cumhachd cho ionmholta.

Anns a' chiad àite, air sgàth an àrd-urraim neo-chriochnaich a bhuineas do phearsa Chrìosd, chuir a chrann-ceusaiddh-san nàrachd glòir is onair air lagh agus air ceartas gach fulangais a bha no a bhios

air an giùlan anns an t-saoghal. Nuair a tha an t-Abstol a' labhairt ris na Ròmanaich mun t-Soisgeul, tha e a' nochdadhbh dhaibh gu bheil, chan e a-mhàin tròcair Dhè, ach a cheartas mar an ceudna air fhoillseachadh ann (Ròm 1:18). Tha fearg Dhè an aghaidh neo-fhìreantachd dhaoine air a taisbeanadh gu sònraichte le fireantachd agus le fulangasaibh Chrìosd. Bha an Tighearna gràsmhor air sgàth fhìreantachd fèin (Isa. 42:21). Is ann an cosnadh na fireantachd sin a dh'iarr E mar chòir, a dh'àrdaich E an lagh agus a chuir E urram air. Agus ged a tha 'fhìreantachd a' co-sheasamh ann an ùmhlachd agus ann am fulangais nach do mhair ach rè seal, gidheadh, do bhrìgh gum bi iad air chuimhne gu sìorraidh, faodar a ràdh gu bheil crann-ceusaidh Chrìosd a' cur urram agus òirdheirecas sìorraidh air an lagh leis an riarachadh a thug e dha, an lagh uabhasach sin leis a bheil a chruitheachd (Rioghachd Dhè) air a riaghlaigh, agus da bheil uachdaranaichdan agus cumhachdan nèamhaidh fo smachd; an lagh sin, ann an dìteadh peacaidh, a dh'fhuadaich an diabhal agus a chuid ainglean a-mach à glòir, a dh'fhuadaich ar ciad phàrantan a-mach à Eden, agus a dh'fhògair sìth bhon t-saoghal.

A' beachdachadh air Dia, uime sin, mar Bhreitheamh agus mar Lagh-thabhairtear an t-saoghal, tha e soilleir gu bheil a ghlòir a' deàlrachadh le deàrrsadhbh do-labhairt ann an crann-ceusaidh Chrìosd, mar dhìoghaltas an aghaidh a' pheacaidh. Ach is e seo an dearbh nì a tha a' cumail luchd-gràdhachaidh a' pheacaidh o bhith ag aideachadh glòir a' chroinn-cheusaidh, do bhrìgh meud a tha e a' nochdadhbh den fhuath a th' aig Dia don nì sin da bheil gràdh acasan. Gu bhith a' claidh nàimhdeas na h-inntinn fheòlmhoir den chrann-cheusaidh, tha e feumail a thoirt fa-near, ged tha iobairt Chrìosd a-mhàin. Tha i a' toirt peanas a' pheacaidh bhàrr ar làmh, air chòir 's nach eil tuilleadh gnothaich againn ris. Agus gu cinnteach, bu chòir do shealladh air ar cunnart, air dhuinn fhaicinn air a thoirt às an rathad, ar n-aoibhneas a

mheudachadh an àite a lùghdachadh. Le sealladh air meud ar cunnairt, chì sinn meud ar saorsa. Tha crann-ceusaidh Chrìosd a' taisbeanadh glòir ceartais neo-chrìochnach, ach tuilleadh na sin, oir tha e air mhodh àraidh a' taisbeanadh glòir tròcair neo-chrìochnach.

*Ri leantainn*

### **Earail do dh'Aoise Gun Chrìosd**

*le Dòmhnaill MacCoinnich*

*"Teich airson d' anama; na seall ad dhèidh, agus na stad sa chòmhnhard uile; teich don t-sliabh, air eagal gum millear thu" (Gen 19:17)*

Tha focal uam gus an liath-aois,  
'S gus na h-anman gun diadhachd,  
'S fhad a dh'fhuirich 'n criathar na h-eucoir.

Ghabh sibh an comharra grannda,  
Na nur n-aghaidh 's nur làmhan,  
Och mo thruaighe! Nach fhàg sibh dha fèin e.

Dhiùlt sibh taigse nan gràsan,  
Thrèig sibh slighe na slàinte,  
Chuir sibh suarach 'chaomh-àithntean gun ghèill dhaibh.

Tha 'm bàs nis aig ur sàilean,  
'S e rìgh nan gràbh e dan àireamh,  
Thèid na choinneamh 's gun rathanas am fèich ac'.

Nach teich sibh fhathast o Shòdom,  
'S o luchd-aitreibh Ghomorrah,  
Nì 's iad laghan na feòla 's na h-Èipheit.

Teichibh chum nam beann àrda,  
Nì 's iad buadhan an t-Slànaigheir,  
Is chan eil uabhas, no bàs, nì beud dhaibh.

Gabhaibh eisimeil a' mhèirlach,  
Am feadh 's a bha Ìosa mìn làimh ris,  
"Cuimhnich orms', Aoin ghràidh, 's mi 'n èigginn.

Ged thug mo pheacaidhean gràineil,  
Mi fo fhiachan tha nàrach,  
On is èirig 's gach àl Thu, dèan feum dhomh.

Air dhut bhith nis anns an àit' sin,  
'S do neo-chiont' soilleir ri àireamh,  
Thoir mi leat mar ghrèim-làimh on dràgon.

Nuair a thèid thu staigh chum t' àrois,  
Cuimhnich orms' anns a' ghràdh sin,  
Leis an tainig Thu mhàin od àite-aoibhneis."

Fhreagair Ìosa o a ghràdh dha,  
"An diugh fhèin bidh tu 'm Pàrras,  
Is gheibh thu comann is fàbhair mo threud-sa."

Dh'ionnsaigh 'n dorais seo b' àill leam,  
Bhith ga ur n-iarraidh-s', mo chàirdean,  
Teichibh ann , bidh fàbhair Mhic Dhè dhuibh.

Tha fuil chuanal an t-Slànaigheir,  
Cheatr cho buadhach 's cho làdir,  
Is an là chualas air Calbhari na h-èighe.